Tuathanach Organach: Ach dè an dòigh as fheàrr air sin a dhèanamh?	Organic Farmer: But what's the best way to do that?
Balach/Nighean: Bu chòir an riaghaltas a dhèanamh. Chan urrainn dhuinne mòran a dhèanamh.	Boy/Girl: It should be up to the government. Ordinary people can't do much.
Tuathanach Organach: Dè 's urrainn dhan riaghaltas a dhèanamh gus daoine bochda a chuideachadh?	Organic Farmer: What can the government do to help poor people?
Balach/Nighean: Chan eil mi cinnteach, ach smaoinichidh mi mu dheidhinn.	Boy/Girl: I'm not sure but I'll think about it.
Tuathanach Organach: Glan fhèin! B’ fheàrr leam gun robh barrachd dhe do leithid ann. Air ais a dh’obair a-nis. Siuthad ma-thà!	Organic Farmer: Good show! I wish there were more people around like you. I'd better get back to work now. Bye!

Còmhraidh 4 leis an Tuathanach Organach (Crìosdaidh)

Tuathanach Organach: Halò, a charaid. Math d' fhaicinn a-rithist.	Organic Farmer: Hello old fruit! It's good to see you again.
Balach/Nighean: A bheil seann mheasan agaibh?	Boy/Girl: Do you sell old fruit?
Tuathanach Organach: Chan eil, tha measan ùra agam – agus lusan cuideachd.	Organic Farmer: No, I sell new fruit - and veggies too.
Balach/Nighean: Chan eil mòran luchd-ceannach agaibh. Tha min dòchas gum fàs cùisean nas fheàrr.	Boy/Girl: There aren't many customers though. I hope things improve.
Tuathanach Organach: Lusan àlainn, organach! Ceannaichibh biadh ùr às an sgìre an seo! Buntàta! Currain! Leatasan! Fada nas blasta na tha iad sna bùithtean mòra!	Organic Farmer: Lovely organic vegetables! Buy your fresh local produce here! Potatoes! Carrots! Lettuces! Much tastier than the supermarket's!
Balach/Nighean: A bheil anann agaibh?	Boy/Girl: Have you got any pineapples?
Tuathanach Organach: Anann? Chan eil, duilich. Cha bhi mi a' reic ach measan agus lusan às an sgìre seo. Bidh mi a' fàs a h-uile dad mi fhèin.	Organic Farmer: Pineapples? No, sorry. I only sell local fruit and veg. I grow all my own stuff.
Balach/Nighean: An e tuathanach a th' annaibh?	Boy/Girl: So you're a farmer?
Tuathanach Organach: 'S e Crìosdaidh a th' annamsa cuideachd. Tha mi a' reic biadh sònraichte an seo.	Organic Farmer: Yes, and I'm a Christian too. I'm here selling special food.
Balach/Nighean: Carson a tha e sònraichte?	Boy/Girl: Why is it special?
Tuathanach Organach: Deagh cheist! Tha mi nam phàirt dhen iomairt LOAF, agus 's ann mu bhiadh malairt chothromach a tha e. Ma choimheadas tu an dealbh-bheò seo,	Organic Farmer: Good question! I'm part of the LOAF campaign, which is about fair trade food. If you watch this animation, you'll learn all about it.

gheibh thu a-mach mu dheidhinn.	
Balach/Nighean: Glè mhath. Nach coimhead sinn e mathà?	Boy/Girl: OK. Let's see it.
Tuathanach Organach: Dè do bheachd air an iomairt LOAF?	Organic Farmer: So what do you think about the LOAF campaign?
Balach/Nighean: 'S fheàrr leamsa barrachd roghainn a bhith agam. Cha toir LOAF anainn dhomh, an toir?	Boy/Girl: I prefer to have more choice. LOAF can't give me pineapples, can it?
Tuathanach Organach: Uill, faodaidh tu anainn malairt chothromach a cheannach. Chan fheum biadh LOAF an-còmhnaidh a bhith às an sgìre seo fhèin, fhad 's a bhuineas e do dh'fhear dhe na ceithir buidhnean: sgìreil, organach, math do bheathaichean agus air a mhalairt gu cothromach.	Organic Farmer: Well, actually, you can buy fair trade pineapples. LOAF foods don't always have to be local, as long as they belong to one of the four groups: local, organic, animal-friendly and fairly traded.
Balach/Nighean: Tha seo math gu leòr, ach airson a' phlanaid a shàbhaladh, feumaidh sinn gearradh sìos air an truailleadh a tha ag adhbhrachadh atharrachadh na gnàth-shìde.	Boy/Girl: This is all very well, but to really save the planet we need to cut down on the pollution which causes climate change.
Tuathanach Organach: Tha blàthachadh na cruinne air adhbhrachadh gu ìre le bhith a' losgadh connadh mar ola, gual agus gas. Cha bhiodh e cho dona nam biodh sinn a' cleachdadh barrachd lùth ath-nuadhachail. Mar Chrìosdaidh, saoilidh mi gum bu chòir dhuinn.	Organic Farmer: Yes. global warming is partly caused by burning fuels such as oil, coal and gas. It wouldn't be as bad if we used renewable energy more. As a Christian, I think we should.
Balach/Nighean: Tha mise a' smaoinèachadh gu bheil sin cudromach cuideachd. Dh'fhaodadh blàthachadh na cruinne tuithean eagalach adhbhrachadh air feadh an t-saoghail.	Boy/Girl: I think that's important too. global warming could cause terrible flooding around the world.

Tuathanach Organach: Chaidh pannalan grèine a chur air mullach na h-eaglais againn. Chì thu dealbhan dhiubh, ma thogras tu.	Organic Farmer: My church has just had solar panels fitted to its roof. You can see some pictures of it if you like.
Balach/Nighean: Bhiodh sin math.	Boy/Girl: Yes, please.
Tuathanach Organach: Tha mi cuideachd a' smaoin eachadh gu bheil e math dhan àrainneachd ma dh'itheas sinn biadh a dh'fhàs san sgìre seo. Agus tha mi a' creidsinn gum feum sinn daoine ann an dùthchannan eile a chuideachadh gus a bhith beò ann an dòigh a tha math dhan talamh agus math dhaibhsan.	Organic Farmer: I also think it helps the environment if we eat locally grown food. And I believe that we need to help people in other countries to live in ways that are kind to the earth and kind to them.
Balach/Nighean: Ciamar dìreach a bhios sibh a' cuideachadh dhaoine eile?	Boy/Girl: How exactly do you help other people?
Tuathanach Organach: Bidh an eaglais agamsa a' togail airgead airson CAFOD, carthannas Crìosdail. Tha sinn dìreach air taic a thoirt le pròiseact do thuathanaich ann an Etiòpia ann an Afraga.	Organic Farmer: My church raises money for CAFOD, which is a Christian charity. We have just helped with one of their projects to help farmers in Ethiopia in Africa.
Balach/Nighean: Do dhaoine bochda?	Boy/Girl: You mean poor people?
Tuathanach Organach: Chan eil a h-uile duine ann an Afraga bochd! Ach mar Chrìosdaidhean eile, tha mi a' creidsinn gu bheil e ceart daoine ann an èis a chuideachadh. Chan eil na tuathanaich a chuidich sinn cho bochd 's a chleachd iad a bhith.	Organic Farmer: Not everyone in Africa is poor! But like other Christians, I believe it is right to help those in need. The farmers we've helped are not as poor as they once were.
Balach/Nighean: Inns barrachd dhomh.	Boy/Girl: OK. Tell me more.
Tuathanach Organach: Tha mi a' smaoin eachadh gum bu chòir dhuinn daoine eile a chuideachadh gu bhith a' coimhead às an dèidh fhèin agus an aire a thoirt air an talamh. Tha e na phàirt cudromach dhe na tha mi a'	Organic Farmer: I think that we should help other people to look after themselves and care for the earth. It's an important part of my Christian faith. I believe that God made the earth and that He wants us to care

creidsinn mar Chrìosdaidh. Tha mi a' creidsinn gun do rinn Dia an saoghal agus gu bheil E airson gun toir sinn an aire air agus gun cuidich sinn daoine eile cuideachd.	for it and help other people too.
Balach/Nighean: Ach 's aithne dhomh daoine a tha a' dèanamh sin ach nach eil nan Crìosdaidhean.	Boy/Girl: But I know people who do that and who aren't Christians.
Tuathanach Organach: Deagh phuing! Chan e Crìosdaidhean a-mhàin a bhios a' toirt airgead do charthannasan a tha a' cuideachadh dhaoine ann an èis. Tha iomadh duine ga dhèanamh oir tha iad a' smaoinichadh gu bheil e ceart.	Organic Farmer: Good point! It's not only Christians who give money to charities that help people in need around the world. All sorts of people do it because they think it's right.
Balach/Nighean: Ach tha sibh ga dhèanamh seach gur e sin ar dleastanas mar Chrìosdaidh. A bheil sin ceart?	Boy/Girl: But you do it because you think it's part of your Christian duty. Is that right?
Tuathanach Organach: Air sgàth sin tha mi cuideachd a' feuchainn ris an aire a thoirt air an àrainneachd ann an dòighean eile. Sin as coireach gu bheil mi a' fàs biadh organach.	Organic Farmer: Yes. Well put! I also try to care for the environment in other ways, for the same reason. That's why I grow organic food.
Balach/Nighean: Mòran taing airson na dh'inns sibh dhomh. Feumaidh mi bruidhinn ri cuideigin eile a-nis.	Boy/Girl: Thanks for all you've told me. I must go and talk to someone else now.
Tuathanach Organach: Bha e math bruidhinn riut. Na dìochuimhnich innse dhan neach a chuir thugam thu dè thuirt mi riut. Beannachd leat!	Organic Farmer: OK. It's been good to chat to you. Don't forget to report what they say to the person who sent you. Cheerio!

Bhidiothan / Dealbhan bheò

An Tè ann an Lios Sàmhach: Gàrraidhean Sàmhach

'S dòcha gu bheil iad coltach ri gàrraidhean àbhaisteach ach, 's e seòrsa sònraichte de ghàrradh a tha seo, agus chì thu iad air feadh an t-saoghail. Canar 'gàrraidhean sàmhach' riutha, agus chaidh an dèanamh do Chrìosdaidhean agus do dhaoine bho chreideamhan eile a bhiodh airson tadhal.	These may look like ordinary gardens but, in fact, they are a special type of garden which can be found all over the world. They're called 'quiet gardens' and they have been made for Christians and people of other faiths to visit.
Faodaidh daoine suidhe gu socair agus fois a ghabhail ann an gàrraidhean sìtheil, sàmhach mar seo. Chaidh an dealbh gus cothrom a thoirt do dhaoine faighinn air falbh bho ùpraid beatha thrang bho latha gu latha agus a dhol a dh'àite brèagha, sìtheil.	Quiet gardens like these are places where people can sit quietly and rest in a peaceful atmosphere. The gardens have been designed to help people escape from the hurly-burly of busy everyday lives to somewhere beautiful and restful.
Bidh gàrraidhean sàmhach a' cuideachadh dhaoine a tha a' creidsinn ann an Dia le bhith ag ùrnaigh. Gheibh iad cuideachd cothrom smaoinichidh mu na rudan a tha cudromach dhaibh, gun duine a bhith a' cur dragh orra.	Quiet gardens help people who believe in God to pray. They also give them a chance to think about things that are important to them, without being disturbed.
Tha na daoine a thòisich na gàrraidhean sàmhach dhen bheachd gu bheil e a' cuideachadh Chrìosdaidhean a bhith a' faireachdainn faisg air Dia ma tha iad ann an àite bòidheach, nàdarra làn lusan, eòin agus bhiastagan.	The people who started the quiet gardens movement think that being in a place of natural beauty, surrounded by plants, birds and insects made by God, helps Christians to feel close to God.
Tha Crìosdaidhean aig a bheil gàrraidhean sàmhach a' creidsinn gu bheil e cudromach leigeil le daoine eile an cleachdadh. Tha seo na eisimpleir de dh'aogheachd.	Christians who own quiet gardens believe that it is important to share them with other people. This is an example of hospitality.

An Tè ann an Lios Sàmhach: Earrannan bhon Tiomnadh Nuadh

Lucas 6:12: Chaidh Iosa gu beinn a dh'ùrnaigh, agus chùim e air rè na h-oidhche ann an ùrnaigh ri Dia.	Luke 6:12: One of those days Jesus went out to a mountainside to pray, and spent the night praying to God.
---	---

Marc 6:30-32: Chruinnich na h-abstoil timcheall Iosa agus dh'inns iad dha a h-uile nì a rinn iad agus a theagaisg iad. Thuirt e riutha, "Thigibh air leth a dh'àite uaigneach agus gabhaibh fois greiseag": oir bha mòran a' falbh is a' tighinn, agus cha robh ùine aca fiù 's biadh ithe.	Mark 6:30-32: The apostles gathered around Jesus and reported to him all they had done and taught. Then, because so many people were coming and going that they did not even have a chance to eat, he said to them, "Come with me by yourselves to a quiet place and get some rest."
Agus chaidh iad air leth gu àite fàsail ann an eathar.	So they went away by themselves in a boat to a solitary place.
Thugadh an sgriobtair (le facal no dhà air ùrachadh) bho: Bioball: Leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh agus An Tiomnaidh Nuaidh: © Comunn Bhìoball Dùthchail na h-Alba.	Scripture taken from the Holy Bible, TODAY'S NEW INTERNATIONAL VERSION® and NEW INTERNATIONAL VERSION®. Copyright © 1973, 1978, 1984 International Bible Society. All rights reserved throughout the world. Used by permission of International Bible Society.
An Tè ann an Lios Sàmhach: Tràth a' Chruthachaidh	
Bidh cuid de dh'eaglaisean Crìosdail a' cumail choinneamhan sònraichte air na Sàbaidean san t-Sultain. Tha na coinneamhan sin airson cruthachadh Dhè a chomharrachadh: an saoghal nàdarra a tha Crìosdaidhean a' creidsinn a rinn Dia.	Some Christian churches hold special meetings on Sundays in September. These church services are for celebrating God's creation: the natural world which Christians believe God made.
Bidh Crìosdaidhean a bhuineas do dh'eaglaisean a bhios a' comharrachadh Tràth a' Chruthachaidh ag adhradh do Dhia agus a' toirt buidheachas Dha airson gach àite àlainn, nàdarra a rinn E:	Christians who belong to churches that celebrate the Season of Creation worship God and thank Him for making all of the beautiful natural places around us:
beanntan, coilltean, glinn, fàsaichean, aibhnichean, lochan, cuantan, tràighean agus raointean.	mountains, forests, valleys, deserts, rivers, lakes, seas, beaches and plains.
Bidh iad cuideachd a' moladh Dhè airson nan lusan agus nam beathaichean a rinn E, bhon fhear as motha chun an fhir as lugha.	They also praise God for all the plants and animals he made, from the largest to the smallest.

An Tè ann an Lios Sàmhach: Sgeulachd an Naoimh Francis	
Sgeulachd an Naoimh Francis. B' e marsanta aodaich beairteach a bh' ann am Francis Bernardone. Bha e a' fuireach ann am baile Assisi san Eadailt o chionn ochd ceud bliadhna.	The story of St Francis. Francis Bernardone was a rich cloth merchant who lived in the town of Assisi in Italy about 800 years ago.
Bha Francis dàna. Ghabh e dhan arm agus bha e a' sabaid ri saighdearan à baile eile.	Francis loved adventures. He joined an army and fought against soldiers from another city.
Gu mì-fhortanach, chaidh Francis a ghlacadh agus bha e na phrìosanach ann am prìosan dorcha, aonaranach airson còrr is bliadhna.	Unfortunately, Francis was captured and held prisoner in a dark, lonely jail for over a year.
Dh'fhàs Francis tinn agus bha e ann an cadal trom. Fhad 's a bha e na chadal, chuala e Iosa ag iarraidh air a bheatha bheairteach a bh' aige fhàgail agus daoine bochda a chuideachadh.	Francis became ill and fell into a deep sleep. While he was asleep, he heard Jesus calling him to leave his wealthy life and to help the poor.
Nuair a fhuair e às a' phrìosan, sgair Francis a chur air aodach spaideil agus chuir e air aodach sìmplidh na àite.	When he was released from prison, Francis stopped wearing fancy clothes and put on a simple robe instead.
Thòisich e a' tadhal air ospadail agus ag ùrnaigh do dhaoine bochda. Theagaisg e anns na sràidean, ag innse do dhaoine mun teachdaireachd Chrìosdail gum bu chòir gràdh a bhith aca dhan coimhearsnach. Chuidich e a h-uile duine a b' urrainn dha.	He began to visit hospitals and to pray for sick people. He preached in the streets, telling people about the Christian message that they should love their neighbour. He helped everyone he could.
Bha athair Francis fiadhaich nach robh a mhac tuilleadh a' cuideachadh le obair an aodaich, ach chùm Francis air ag obair am measg nan daoine bochda. Cha b' fhada gus an robh buidheann dhaoine ga leantainn.	Francis' father was angry that his son no longer helped with their cloth business, but Francis carried on with his work amongst needy people instead. He was soon joined by a group of followers.
Bha Francis agus a luchd-leantainn a' siubhal air feadh na h-Eadailt, dìreach mar a bha Iosa agus a dheisciobail air a bhith a' siubhal ann am Palestin. Cha robh càil aca ach an cuid aodaich.	Francis and his followers travelled around Italy, as Jesus and his disciples had travelled in Palestine. They had no possessions except their clothes.
Chuir Francis roimhe gun tòisichadh e	Francis decided to start his own group

fhèin buidheann mhanach, agus canaidh sinn Franciscanaich riutha.	of monks, who became known as Franciscans.
Tha iomadh stòiridh ann mu Francis, gu h-àraidh mu dheidhinn cho measail 's a bha e air nàdar agus mar a dhèanadh e "còmhraidh" ri beathaichean. Canar fiù 's gun do challaich e madadh-allaidh a bha ag ithe dhaoine!	Many stories are told about Francis, especially about how he loved nature and could communicate with animals. He is even said to have tamed a wolf that was eating people!
Thug Francis air mòran dhaoine a bhith beò ann an dòigh shìmplidh do Dhia agus a bhith a' cuideachadh dhaoine eile. Rinn ceannard na h-eaglais naomh dheth an dèidh a bhàis. Canar a-nis an Naomh Francis ris.	Francis inspired many people to live simple lives dedicated to God and to helping others. After his death he was declared to be a saint by the head of the church. He became known as St Francis.
Tha iomadh manach agus bean-chràbhaidh fhathast air feadh an t-saoghail a tha a' leantainn riaghailtean Naomh Francis à Assisi.	Today there are still many monks and nuns around the world who follow the rules of St Francis of Assisi.
An Tuathanach Organach: Thoir an Aire air an Talamh	
Genesis 1:26 Agus thuirt Dia: "Dèanamaid an duine nar dealbh fhèin, a rèir ar coltais fhèin, agus biodh iad a' riaghladh thairis air a' mhuir agus air eunlaith nan speur, thar na sprèidh gu lèir, thar na talmhainn uile, agus thar gach nì a tha a' snàigeadh air an talamh."	Genesis 1:26: Then God said, "Let us make man in our image, in our likeness, and let them rule over the fish of the sea and the birds of the air, over the livestock, over all the earth, and over all the creatures that move along the ground."
Thugadh an sgriobtar (le facal no dhà air ùrachadh) bho: Bìoball: Leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh agus An Tiomnaidh Nuaidh: © Comunn Bhìoball Dùthchail na h-Alba.	Scripture taken from the Holy Bible, TODAY'S NEW INTERNATIONAL VERSION® and NEW INTERNATIONAL VERSION®. Copyright © 1973, 1978, 1984 International Bible Society. All rights reserved throughout the world. Used by permission of International Bible Society.

An Tuathanach Organach: Pannalan Grèine

Tha rudeigin neo-àbhaisteach air mullach na h-eaglais seo: pannalan grèine. Bidh na pannalan a' cleachdadh lùth bhon ghrèin airson dealan a dhèanamh dhan eaglais.	This church has something unusual on its roof: solar panels. The panels use energy from the sun to make electricity for the church building.
Tha pannalan grèine math dhan àrainneachd oir chan eil iad a' dèanamh fuaim no truailleadh nuair a tha iad ag obair.	Solar panels are good for the environment because there is no pollution or noise made as they work.
Le bhith a' cleachdadh pannalan grèine airson dealan a dhèanamh, cha bhi an eaglais a' losgadh uiread de chonnadh, agus tha sin a' lùghdachadh na tha de ghasaichean cunnartach a' dol dhan àile.	Using solar panels to make electricity means that the church doesn't need to burn so much fuel and this reduces the amount of dangerous gases entering the atmosphere.
Chuir na daoine a bhios a' dol dhan eaglais na pannalan grèine an sàs oir tha iad dhen bheachd gur e dòigh phractaigeach a th' ann air an aire a thoirt air an talamh a rinn Dia agus gum feum daoine coimhead às a dhèidh.	The people who go to the church chose to fit solar panels because they think it is a practical way of caring for the earth which God made and which people must look after.

An Tuathanach Organach: Iomairt LOAF

Iomairt LOAF Tha am biadh seo a' coimhead math, ach a bheil e math? Bheir sinn sùil air co às a thàinig a h-uile càil.	LOAF campaign. This meal looks good, but is it really good? Let's have a closer look at where everything came from.
Thàinig na pònair seo à mòr-bhùth. Dh'fhàs iad ann an Ceinia, a tha còrr is trì mìle mìle air falbh. Thàinig iad dhan Rìoghachd Aonaichte air plèan, a dh'adhbharaich tòrr truailleadh. Tha iad còrr is seachdain a dh'aois agus chan eil mòran de bhlas orra.	These beans were bought from a supermarket. They were grown in Kenya in Africa, over 3000 miles away. They were transported to the UK by aircraft, causing a lot of pollution. They are also more than a week old and don't taste of much.
Cuiridh sinn lus às an sgìre seo fhèin an àite nam pònair. Dh'fhàs na currain seo air tuathanas shìos an rathad. Tha iad ùr, blasta agus gu math nas saoire na na pònair. Cha robh feum aca air a dhol air	Let's swap those beans for a local vegetable. These carrots were grown on a farm just down the road. They are fresh, tasty and much cheaper than the beans. They didn't need a

plèan airson tighinn an seo.	plane to get here either.
Dè mun bhuntàta bhrùich? Tha e a' coimhead math, nach eil? Uill, tha cuid dhen bheachd gum biodh e na b' fheàrr gun an rùsg ithe oir chaidh ceimigean a fhrasadh air a' bhuntàta. Dh'fhàs e ann an achadh anns an robh daoine a' cleachdadh todhar gallta. Nì iad sin milleadh air fiadh-bheatha.	What about that jacket potato? It looks good, doesn't it? Actually, some people think that it might not be wise to eat the skin because that potato has been sprayed with chemicals. It was grown in a field where artificial fertilisers were used. These can harm wildlife.
Nach cuir sinn buntàta organach an àite a' bhuntàta sin. Tha mòran dhaoine dhen bheachd gu bheil e nas blasta agus nas fhallaine oir dh'fhàs e gun cheimigean a chur air. Cha deach eòin no biastagan a ghoirteachadh nas mò.	Let's change that potato for an organic one. Many people think it's tastier and healthier because no chemicals have been used to grow it. No birds or insects were harmed either.
Dè mun ugh? Uill, thàinig an t-ugh seo bho chearc air tuathanas-bataraidh. Tha sin a' ciallachadh gum bi a' chearc a' cur seachad a beatha gu lèir ann an cèidse bheag. Chan eil dòigh aice fiù 's air gluasad. Tha mòran dhaoine dhen bheachd gu bheil sin borb, fiù 's ged a tha e a' toirt dhuinn uighean saora.	What about the egg? Well, this egg is from a hen kept on a battery farm. That means that the bird spends its whole life in a tiny wire cage, unable even to turn around. Many people think this is cruel, even if it does produce cheap eggs.
Nach cuir sinn ugh a rug cearc le cead an raoin an àite an ugh sin. Tha sin a' ciallachadh gun robh cead aice a bhith coiseachd mun cuairt agus gun robh rùm gu leòr aice. Tha a' mhòr-chuid de dhaoine dhen bheachd gu bheil an dòigh seo nas fheàrr airson biadh a dhèanamh.	Let's exchange that egg for one laid by a free-range chicken. That means that the bird was able to roam around with plenty of space. Most people believe that this is a much more animal friendly way to produce food.
Nach toir sinn sùil air a' chofaidh a-nis. Tha fios nach eil càil ceàrr air cofaidh – chan eil ann ach deoch! Uill, tha cuid de dhaoine nach ceannaich cofaidh saor mar seo chionn chan e cofaidh malairt chothromach a th' ann.	Now let's look at the coffee. Surely there can't be anything wrong with that – it's just a drink! Well, actually, some people don't buy this type of cheap coffee because it's not fair trade coffee.
Chaidh an cofaidh san deoch seo a dhèanamh le companaidh mòr a bhios a' ceannach pònair cofaidh bho thuathanaich ann an dùthchannan teth, ach cha bhi iad a' toirt dhaibh ach beagan airgid. Cha leig an t-eagal leis na tuathanaich barrachd airgid iarraidh oir	The coffee used in this drink was made by a big company which buys coffee beans from farmers in hot countries and pays them only a small amount of money. The farmers dare not ask for more money because no one else will buy their beans.

cha cheannaich duine eile na pònair aca.	
Ach, le stuthan malairt chothromach, tha na tuathanaich a' faighinn prìs mhath, chothromach air na dh'fhàsas iad. Tha cofaidh malairt chothromach nas daoire, ach tha e a' ciallachadh nach eil na tuathanaich cho bochd 's a bhiodh iad às aonais sin.	However, with fair trade products, the growers are paid a good, fair price for what they grow.. Fair trade coffee is more expensive but it means that the growers are not as poor as they would be otherwise.
Sin agad sinn ma-thà. Tha biadh eile againn a-nis – biadh nas blasta, nas fhallaine, nas sàbhailte agus nas cothromaiche. Tha iomairt LOAF (Local, Organic, Animal friendly and Fairly traded) a' toirt taic do bhiadh math às an sgìre. Tha mòran Chrìosdaidhean a' toirt taic dhan iomairt oir tha iad dhen bheachd gu bheil e nas fheàrr do thalamh Dhè agus do dhaoine cuideachd.	So there we are. We have a new meal now – a tastier, healthier, safer, fairer one. The LOAF campaign stands for Local, Organic, Animal friendly and Fairly traded food. Many Christians support this movement because they think it's better for God's earth and better for people too.
An Neach-leantainn Hare Krishna: Dè Th' ann an Krishna?	
'S e buidheann cràbhaidh a th' ann an Hare Krishna, agus chì sinn iad glè thrì air an t-sràid le na fèisean aca is iad a' dannsa agus a' seinn.	The Hare Krishna movement is a religious group that's often seen taking their festivals on the streets with dancing and singing.
'S àbhaist aodach orains no geal a bhith air na fir, uaireannan len cinn air am bearradh. Bidh sàriathan soilleir agus falt fada air na boireannaich. Agus tha comharra sònraichte orra, an tilak, a dh'aithicheas tu, 's dòcha.	The men are usually dressed in orange or white robes, sometimes with shaved heads, the women with brightly coloured saris and long hair. And they have the special sign, called tilak, which you might recognise.
Tha iad aithnichte mar phàirt dhen chreideamh Hindùthach. Tha mòran chreideamhan a' tighinn às na h-Innseachan fon ainm Hindùthach. Bidh iad a' sgrùdadh nan aon sgrìobhainnean agus nan aon leabhraichean.	They are actually considered a part of the Hindu tradition. Many religions come from India and come under the umbrella term of Hinduism, and they study the same scriptures, the same books.
Ge-tà, ann an aon dòigh cha toigh leinn am facal Hindu a chionn chan eil am facal Hindu idir sna leabhraichean againn fhèin. 'S e facal a th' ann a bhios daoine	However, in one sense we don't like the word Hindu because the word Hindu is not found in our own books. It's a word that other people use for

a' cleachdadh airson a' chreideimh againn.	our religion.
Bidh sinne ag ràdh nach eil sin ceart. 'S e Sanatan Dhamma a tha sna leabhraichean againn. Tha Dhamma a' ciallachadh firinn agus Sanatan a' ciallachadh bith-bhuan.	We say that that's not really fair. The word that we use in our books is Sanatan Dhamma. Dhamma means truth and Sanatan means eternal.
Mar sin, bidh sinn ag ràdh gu bheil sinn ag ionnsachadh mu fhìrinn a tha bith-bhuan. An aon rud ri dhà cuir ris dhà co-ionann ri ceithir. 'S e ceithir a bha riamh ann, chan e trì a bh' ann san àm a dh'fhalbh agus chan e còig a bhios ann san àm ri teachd.	So we say we're learning about eternal truth. Like 2 plus 2 equals 4. It's always been 4, it wasn't 3 in the past and it won't be 5 in the future.
Agus tha e an aon rud ge bith co às a thàinig mi, ge bith dè an dath a th' air mo chraiceann no dè an creideamh a th' agam, tha dhà cuir ris dhà co-ionann ri ceithir.	And it's the same, wherever I come from, whatever the colour of my skin or whatever my religion, 2 plus 2 equals 4.
Mar sin 's e gluasad eadar-nàiseanta a th' annainn a tha a' sgrùdadh nì, 's dòcha ris nach can sinn creideamh, ach saidheans, saidheans na beatha.	So therefore we're a very international movement that's studying what we not necessarily call a religion, but a science, a science of life.
An Neach-leantainn Hare Krishna: Carson a tha Krishna Cudromach?	
Tha Krishna glè chudromach dhuinn ann an gluasad Hare Krishna. Chì sibh Krishna, thairis air mo ghualainn chli, na shuidhe le cruth boireann de Dhia, ris an can sinn Rada, oir tha sinn ag ràdh ge bith càit am bi cruth fireann, gum bi cruth boireann ann cuideachd.	Krishna is very special for us in the Hare Krishna movement. Krishna is shown, over my left shoulder, sitting with the female form of God called Rada, because we say wherever there's a male form, there's a female form as well.
Agus 's iongantach mura h-e Krishna an dia as caoimhe agus as gràdhaichte sa chreideamh Hindùthach.	And Krishna is probably the sweetest and most loved of all the dieties within the Hindu tradition.
Ach ge-tà, sa ghluasad againne, cha bhi sinn ag ràdh gur e as caoimhe, ach gur e h-e dha-rìribh as àirde. Bidh cuid ag ràdh gu bheil Hindùthaich a' creidsinn	However, in our movement we say not only is he the sweetest, but he is actually the supreme. Some people say the Hindus believe in many gods,

ann am mòran dhiathan. Ach tha cuid de chreideamhan a' creidsinn ann an aon Dia.	of course some religions believe in one God.
Ach tha sinne ag ràdh gu bheil an dà chuid ann. Tha sinn ag ràdh gu bheil aon dia ann le mòran dhaoine ga chuideachadh, mar ainglean.	But we say there's both. We say there's one god but he has many people helping him, like angels.
Bidh sinn ag ràdh gur e Krishna as àirde. Agus cuideachd, tha Krishna ag ràdh ann am Bhagavad Gita, an leabhar a sgrìobh e, agus prìomh leabhar nan Hindu, ma thabhainneas neach gràdh no cràbhadh dhomh, mar meas, dìthean, duilleag no uisge, gabhaidh mi ris.	So we say that Krishna is the supreme. Not only that but Krishna says in Bhagavad Gita, the book he wrote, the main book of the Hindus, he says if one offers me love and devotion, a fruit, a flower, a leaf, or water, I will accept it.
Tha e furasta Krishna a thoileachadh. Agus tha e ag ràdh nach eil e gu diofar a bheil thu de bhuidheann àrd no ìosal, gun gabh e riut.	So Krishna is very easy to please. And he says it doesn't matter whether your high class or low class I will accept it.
Mar sin, chan e a-mhàin gu bheil Krishna tarraingeach, ach tha e cuideachd furasta a ruigsinn agus tha e coibhneil.	So not only is Krishna very attractive, he is also very accessible and he is also very kind.
An Neach-leantainn Hare Krishna: An Tighearna Krishna	
Bho nochd Krishna o chionn còig mìle bliadhna, ann an gluasad Hare Krishna, tha sinn a' creidsinn gun tàinig Krishna bhon t-saoghal spioradail agus gun tug e an seo e. Bha e mar rìgh a' tighinn còmhla ri mhinistearan, agus na daoine a choimheadadh às a dhèidh. Agus thàinig e còmhla ri mhàthair is athair, a charaidean agus a leannain.	So when Krishna came 5000 years ago, in the Hare Krishna movement we believe that Krishna came from the spiritual world and brought it here. He was like a king coming with all his ministers and his people who look after him. And he came with his mum and dad, his friends, his girlfriends.
Bha beathaichean aige, crodh gu h-àraidh, ach cuideachd peucagan agus muncaidhean, agus chòrd a h-uile càil ri Krishna.	He had his animals, mainly the cows, and peacocks, monkeys, and Krishna just had a great time.
Bha e a' fuireach ann an coille, bha e a' cluich còmhla ri charaidean, a' falbh còmhla ris a' chrodh, ag ithe mheasan	He was living in the forest, he was playing with his friends, going with the cows, eating fruits and lots of yoghurt

agus tòrr iogart agus bainne. Agus uaireannan a' goid ìm agus ga thoirt dha na muncaidhean, oir bha uiread aige. Chòrd seo ris.	and milk. And sometimes stealing the butter and giving it to the monkeys, he had so much. He had a great time.
Bha e a' sealltainn dhuinn, ma bha sinn airson a bhith dha-rìribh toilichte, ma bha sinn airson a bhith dha-rìribh beairteach, nach eil e a' ciallachadh gum feum tòrr airgid no torr teicneòlais a bhith againn.	He was showing us that if we really wanted to be happy, if we really wanted to be rich, it doesn't mean that we have lots of dosh and lots of technology.
Ach tha e a' ciallachadh gu bheil tòrr biadh ùr againn, lusan, measan, seudan, òr, airgead, aibhnichean san snàmh sinn, làithean grianach, agus caraidean.	But it really means that we have lots of fresh food, vegetables, fruits, jewels, gold, silver, rivers to swim in, sunny days, friends.
Bha e a' sealltainn dhuinn gu bheil feum againn air 'màthair talmhainn'. Bidh sinn ag adhradh dhar n-athair, Krishna, agus cuideachd a' toirt spèis dhar 'màthair nàdair.'	He was showing us that we really need 'mother earth'. so we say worship our father, Krishna. And also respect our mother, 'mother nature'.
Agus an uair sin, bheir i dhuinn a h-uile dad. Chan fheum sinn beathaichean a mharbhadh. Faodaidh sinn a bhith beò air lusan.	And then she will give us everything. We don't need to kill the animals, we can have a lovely vegetarian diet.
Tha beatha shìmplidh againn. Cha bhi sinn a' leagail chraobhan gun adhbhar. Agus bheir sinn a h-uile càil a tha sin do Khrishna. Bidh e cho riaraichte is nach bi sinn sanntach.	We can live a simple life, not cut the trees down unnecessarily. And we can take all these things and give them to Krishna who will be so satisfied that we won't be greedy.
Bheir sinn dìreach na dh'fheumas sinn às an talamh agus cha dèan sinn mì-fheum dheth. Agus bidh sinn an uair sin san t-saoghal spioradail, fiù 's nuair a tha sinn air an talamh.	We'll just take what we need from the earth and we won't abuse her. And then we can live in the spiritual world, even when we're on earth.
Nuair a bhàsaicheas sinn, bidh sinn ag ràdh, an àite tighinn beò a-rithist, gun tèid sinn air ais gu dia, air ais gu Krishna, agus bidh sinn beò còmhla ris-san san t-saoghal spioradail far nach eil duilgheadasan àrainneachd.	And of course, when we die we say, rather than being reincarnated we'll go back to god, we'll go back to Krishna and we'll live with him in the spiritual world where there's no environmental problems.
Ach ro-làimh, 's urrainn dhuinn dèanamh deiseil airson sin an seo air an talamh.	But at least beforehand we can practice that on this earth. And earth

Cha mhill sinn an talamh. Bidh e coltach ri nèamh an seo cuideachd.	will not be abused, it will be like heaven here aswell.
An Neach-leantainn Hare Krishna: Sgeulachd Sìol Banyan	
Sgeulachd Sìol Banyan.	Story of the Banyan Seed.
Bho chionn fhada, bha greusaiche ann. Bha e bochd, ach bha e ag obair cruaidh, agus bha e a' cur a h-uile nì a bh' aige gu bhith ag adhradh do Vishnu, Tighearna a' Chruthachaidh.	Once there was a cobbler. He was poor, but he worked hard, and devoted everything he had to the worship of Vishnu, the Lord of Creation.
Bha an greusaiche a' fuireach ri taobh craobh mhòr banyan. Aon latha, nuair a bha e ag obair ri taobh na craoibh banyan, thàinig Narada ga fhaicinn. 'S e Narada caraaid agus teachdaire Vishnu, Tighearna a' Chruthachaidh.	The cobbler lived beside a huge banyan tree. One day, as he worked beside the banyan tree, Narada came to see him. Narada is the friend and messenger of Vishnu, the Lord of Creation.
Chuir an greusaiche fàilte air Narada, agus dh'fhaighnich e am faca e Vishnu o chionn ghoirid. Thuir Narada gum faca. 'Chuir e mise gad ionnsaigh,' thuir e.	The cobbler welcomed Narada, and asked if he had seen Vishnu recently. Narada replied that he had. 'He has sent me to see you,' he said.
Ghabh an greusaiche iongnadh. 'Carson a chuir Vishnu thu gam ionnsaigh-sa?' dh'fhaighnich e.	The cobbler was amazed. 'Why did Vishnu send you to see me?' he asked.
'Bha dùil aige gum biodh ceistean agad,' fhreagair e.	'He thought you might have some questions,' came the answer.
Dh'fheuch an greusaiche ri smaoinichadh air ceist mhath, ach cha smaoinicheadh e air dad ach, 'Dè bha Vishnu a' dèanamh nuair a chunnaic thu e?'	The cobbler tried hard to think of a good question, but all he could think of was, 'What was Vishnu doing when you saw him?'
Seach gu bheil fios aig Vishnu air a h-uile càil, bha fios aige gur e duine sònraichte a bha sa ghreusaiche agus gum faighnicheadh e an dearbh cheist seo. A-nis, bha Vishnu airson leasan a thoirt do Narada, agus mar sin bha e air freagairt na ceist innse dha mar-thà.	Because Vishnu knows everything, he knew that the cobbler was a very special person and that he would ask this exact question. Now, Vishnu had wanted to teach Narada a lesson, so he had already told him what the answer should be.

'Bha e a' cur ailbhean tro chrò snàthaid,' fhreagair Narada.	'He was threading an elephant through the eye of a needle,' Narada replied.
Mar a shaoileadh tu, chuir sin beagan iongnaidh air a' ghreusaiche, ach cha tuirt e ach, 'S e Vishnu a-mhàin a b' urrainn sin a dhèanamh!'	As you might expect, the cobbler was a little surprised at this, but merely commented, 'Well, only Vishnu could do that!'
Rinn Narada gàire le cho faoin 's a bha an greusaiche. 'Ciamar as urrainn dhut sin a chreidsinn? Cha b' urrainn fiù 's Vishnu sin a dhèanamh. Tha e do-dhèanta!'	Narada laughed at how simple the cobbler was. 'How can you believe that? Even Vishnu couldn't do that. It's impossible!'
'Carson nach b' urrainn?' fhreagair an greusaiche. 'Chan eil càil do-dhèanta do Vishnu.' Chrùb e agus thog e sìol bhon chraoibh mhòir banyan far an talaimh.	'Why not?' replied the cobbler. 'Nothing is impossible for Vishnu.' He bent down and picked a seed of the great banyan tree off the ground.
'Seall an sìol seo. Na bhroinn tha craobh banyan pailt cho mòr ris an tè seo dìreach a' feitheamh ri tighinn a-mach. Mas urrainn Vishnu craobh mhòr banyan a chur dhan t-sìol bheag seo, tha mi cinnteach gun urrainn dha ailbhean a chur tro chrò snàthaid.'	'Look at this seed. Inside it is a banyan tree as big as this one, just waiting to come out. If Vishnu can put a whole banyan tree into this small seed, I'm sure he can thread an elephant through the eye of a needle.'
B' e faclan glic a bha sin, agus thuig Narada gun robh na bha an greusaiche ag ràdh fìor. Bha an greusaiche a' faicinn làmh Dhè sa h-uile nì.	These were wise words, and Narada realised that what the cobbler was saying was true. The cobbler could see that the hand of God was in everything.
Agus seach gu bheil làmh Dhè sa chruthachadh gu lèir, tha e cudromach do Hindùthaich coimhead às a dhèidh.	And because the hand of God is in all creation, it is important to Hindus to look after it.